Fèis Ratharsaidh

Cha robh conaltradh sam bith eadar mi fhìn 's an Fhèis tron t-Samhradh ach tha mi an dòchas coinneachadh riutha nuair a thèid mi ann airson Blas.

Fèis Rois

Bha an Fhèis gu math trang as t-Samhradh leis a' Chèilidh Trail aca, agus bidh iad an sàs gu mòr ann am Blas.

Fèis Air an Oir

Bidh mi an làthair aig consairt Blas a bhios Fèis air an Oir a' cur air, agus bidh mi a' cluinntinn mun Fhèis nuair a thèid mi ann. Bidh com-pàirtichean bhon Fhèis a' cluich ann.

Fèis Alba

Ghabh Fèis Alba àite ann an Osdal Àrd-sgoil a' Phluic a-rithist aig toiseach an Iuchair. Dh'obraich a h-uile duine gu math cruaidh agus chòrd an t-seachdain riutha uile. 'S e buidhnean Cèilidh Trail à Loch Abar agus Sgìre Loch Aillse is an Eilein Sgitheanaich, còmhla ri buidhean bho Youth Gaitherin Dhùn Èideann, a bha an làthair. Bha mi fhìn ann fad na seachdain agus tha mi gu mòr an dòchas gum bi an Fhèis a cheart cho soirbheachail an ath bhliadhna.

Coinneamhan aig an robh mi a bharrachd air coinneamhan àbhaisteach

An Cèitean

- 15 – Agallamhan airson Cèilidh Trail an Eilein Sgitheanaich
- 19 – Agallamhan airson Cèilidh Trail an Eilein Sgitheanaich
- 25 – Coinneamh le Cheryl Campsie

An t-Ògmhios

- 5- Measadh luchd-obrach
- 14 – Blas, Cluanaidh
- 15 – Fèis Chataibh, Coinneamh le Louise NicCoinnich
- 20 – Coinneamh luchd-obrach, Inbhir Nis

An t-Iuchar

- 1 – Coinneamh Blas/PAN
- 7- Cuirm-ciùil Feis Chataibh
- 19 – Cèilidh Trail an Eilein Sgitheanaich
- 27 – Cèilidh Trail Fèis Chataibh, A' Chlais Mhòr

An-Lùnasdal

- 23 – Coinneamh luchd-obrach, An Gearasdan
- 24 – Bogadh Blas, Glaschu

Ingrid Henderson, Oifigear Leasachaidh Fèisean Lochabair

Trang, trang tron Samhradh mar is àbhaist gu h-àraidh leis a' phròiseact Cèilidhean air Chuairt. Thachair Fèis nan Garbh Chrìochan 's Fèis Eige anns an Iuchar cuideachd.

Glèidheadh an dreuchd ann an Lochabar

As dèidh coinneamh le Helen Camshron, tha Iomairt Lochabair deònach taic airgid a thoirt dhuinn airson na dreuchd agam a leantainn air adhart dhan Giblean 2007. Bidh Fèisean nan Gàidheal a' cumail taic ris an obair an dèidh sin mar phàirt den taic-airgid bhliadhnail aca bho Chomhairle Ealan na h-Alba agus Iomairt na Gàidhealtachd.

Cèilidhean air Chuairt

Bha am prìomh turas uamhasach math an Samhradh seo agus bha na h-àiteachan 's an luchd-èisteachd gu math toilichte. Thàinig Toni Russell air ais airson bliadhna eile mar neach-stiùiridh agus tha ise agus mi fhìn air a bhith ag obair air a phròiseact o dheireadh na Giblean.

Bha na h-aon oileanaich air ais cuideachd - Olivia Bridge, Megan & Ewen Henderson, Andrew MacDonald, Iain MacMaster, Robert Nairn and Lauren Tait, ach le Sean Camshron air a phìob agus drumma. Rinn iad glè mhath leis an ceòl a' fàs nas fheàrr seachdain as dèidh seachdain.

Rinn iad clàr cuideachd sa Chèitein le cuideachadh bho Iain Mac Phàrlain agus Nick Turner agus taic bho Skipinnish. Bha e deiseal airson an turas agus thog sinn mìle not thairis air trì seachdain ann an Lochabar. Bidh an CD air reic aig consartan agus anns na bùthan ionadail airson airgead a thogail anns na bliadhnaichean a tha romhainn.

Tha cothrom agaibh fhathast na h-oileanaich a chluinntinn aig Fèis Bhlàs.

Blas

Tha sinn deiseal airson na Fèise a-nise ach beagan deasachadh agus gairm ri dhèanamh. Bith mise a' cuideachadh aig na tachartasan anns an sgìre Lochabair airson seachdain.

Iarrtasan

Gu mi fhortanach cha d' fhuair sinn airgead bhon Riaghaltas na h-Alba airson Fèis Òigridh na Mara. Feuchaidh sinn a-rithist taic-airgid a thogail bho bhuidheann eile airson coimpiutair a cheannach.

Le cuideachadh bhuam-sa ann an co-bhonn Eileen O' Rua (Rùnaire) fhuair Comhairle Ionadail Ghleann Fhionnan £5,000 bho Gàidhealtachd 2007 airson clasaichean Gàidhlig agus consartan a ruith. Tha sinn fhathast a' lorg £10,000 agus bi sinn a' deasachadh iarrtasan ùr airson Crannchur Nàiseanta agus 's docha bòrd na Gàidhlig.

Tha mi cuideachd air a bhith ag obair air iarrtasan eile airson na Fèisean. Tha fiosrachadh an seo:

Fèis	Ainm a 'phròiseact	Suim	Ire
Òigridh na Mara	Inneal ciùil a cheannach agus buidhean obrach.	£8500	Dh'fhalbh e 15/08/06
Garbh Chrìochan	Goireasan Camanachd	Approx £1200	A' feitheamh airson fiosrachaidh
Eige	Inneal ciùil a cheannach	Approx £1500	A' feitheamh airson fiosrachaidh taiceil
Gleann Fhionnan 07	Clasaichean Gàidhlig 's tachartasan	£10,000	Dreach-ire

Iomairt Ciùil Òigridh

Tha sinne air tòiseachadh air ais anns na sgoiltean airson seachdain a-nise agus a-rithist le Eachann Mac Eanraig, Anndra Mac a' Phearsain agus Raonaid Ni an Fhùcadair a' teagasg. Tha an sgeama a' ruith am bliadhna airson dusan seachdain an àite sia deug. Tha Fiona fhathast a' cuir an stuth air dòigh gu sgioblachadh agus tha an clàr ama (airson an Tìr Mhòr co dhiù) deiseal airson am bliadhna air fad.

Tha an Stòras Òrain Ghàidhlig crìochnaichte agus bith e anns na sgoiltean ann an cola deug. Thàinig an stuth ri chèile le taic bho Raonaid Nic an Fhùcadair, Anna Mhàrtainn, Caitlin Greumach, Màiri ann Nic Ualraig agus Shona NicCarraig

Tha Eachann agus Anndra a' dèanamh stuth co-chosmhail airson feadan le cuideachadh bho luchd-teagaisg eile tha ag obair air an sgeama.

Bun Sgoil Atharracail

As dèidh mòran ùine agus a' feitheamh airson mìosan tha nam fiosrachadh againn mu dheireadh air na cosgaisean – 's e sin an stuth a bha Comhairle Ealan na h-Alba ag iarraidh airson an Iarrrtas. Ach gu mi fhortanach tha mi a nise a' feitheamh airson co-dhùnadh bhon Chomhairle mu dheidhinn VAT. Tha mi air a bhith a' feitheamh airson freagairt Brian Hemming bho 12mh An t-Òg Mhìos.

Pròiseact an Iomall Taobh Tuath

Tha an 'Sgrùdadh Sòisealta' am prìomh obair airson am pròiseact seo an-dràsta. Sin far a bheil sinn a' faicinn ciamar a tha sinne a' leantainn air adhart leis a phròiseact tro rannsachadh agus ceisteachan. Tha neach-comhairle, Tor Justad a' cuir ri chèile na freagairtean agus chì sinn as dèidh beagan rannasachaidh eile ma bhios Co Comunn Ciùil Lochabair freagarrach dhuinn.

Plana Leasachaidh

Tha an obair a' leantainn air adhart air a' phlana seo (06 – 10). Chuir sinn ri chèile plana beag agus buidseat airson an t-àm eadar An Lùnastal 06 agus An Giblean 2007 nuair a bhios Iomairt Lochabair gar cuideachadh.

Gàidhealtachd 2007

Tha dhà no trì rudan againn airson 2007 - am bliadhna a tha sinn a' comharrachadh cultar na Ghàidhealtachd. Bidh Fèisean Lochabair a' cluich mar phàirt de chonsart mòr airson 2007. 'S e obair coitcheann a th'ann eadar na buidhnean ciùil 'san sgìre seo agus tha £15,000 againn bho Gàidhealtachd 2007. 'Se taisbeanadh a bhios ann a' sealltainn na diofar seòrsaichean ciùil a tha anns an sgìre a-measg nan òigridh.

Tha mi a' cuideachadh le coimeasan ùr a tha Fèis Loch Seile airson a dhèanamh. Tha iad airson pìos ceòl ùr a dhèanamh ann an dòigh clasaigeach/jazz ach le ceangal ri Prionnsa Theàrlaich. Tha mise a' cuir ri chèile òrain 's puirt bhon àm sin agus bhon sgìre airson a chur ris a' phròiseact. Nuair a bhios i a' tachairt bi iad airson seinneadair Gàidhlig a chleachdadh.

Mar a sgrìobh mi na bu tràithe tha mi a' cuideachadh Comhairle Ionadail Ghleann Fhionnan airson airgead a thogail airson gnìomhachasan Gàidhealach a ruith. Ma tha iad soirbheachail bith iad a' faighneachd na Fèisean airson clasaichean a ruith uaireannan.

Eile

Tha an Duaisean Ceòl Traidiseanta a' tighinn dhan Ghearasdan ann an 2006 agus 07 agus tha mi a' bruidhinn ri Simon Thoumire mu dheidhinn planaichean. Tha na Cèilidhean air Chuairt a' cluich mar tha agus tha sinn dòchas gum bi na Fèisean a' cuideachadh gu saor thoileach. Bi e tachairt air Dùbhlachd 1 & 2. Còmhla ris na Luchd Taic 's Luchd Leasachaidh Fèisean nan Gaidheal, tha mi air a bhith ag obair air stuth cuideachail airson nam Fèisean. 'S e seòrsa bileag stiùiridh a th'ann air mar a chuireas tu air dòigh fèis airson cuideigin ùr air a' chomataidh no airson Fèisean a tha lorg dòighean ùr air cùisean a dhèanamh.

Coinneamhan

An Cèitean	2	Coinneamh Iomairt Ciùil Òigridh, An Gearasdan
	22	Coinneamh le Artair & Helen Camshron, An Gearasdan
An t-òg Mhios	6	Coinneamh Pròiseact an Iomall Taobh Tuath, An Gearasdan
	8	Coinneamh le Niki Robertson, Malaig
	12	Measadh le Artair & Daibhidh, An Gearasdan
	12	Obair le Artair mu dheidhinn Sgoil Atharraicail
	12	Clàradh le BBC Alba (Cèilidh air Chuairt), Gleann Fionnan
	14	Coinneamh Blas, Claonaidh
	20	Coinneamh Luchd obrach FnG, Inbhir Nis
	27	Coinneamh le Fèis Òigridh na Mara
An t-Iuchar	3	Frithealadh aig Fèis Alba, Am Ploc
	7 – 31	Frithealadh aig tachartasan Cèilidhean air Chuairt
	17	Fèis nan Garbh Chrìochan, Sròn an t-Sithein
	19	Consart an luchd-teagaisg (Garbh Chrìochan), Atharraicail.
	21	A' cuideachadh aig Fèis nan Gbh Ch, Sròn an t-Sithein
An Lùnastal	9	Coinneamh le Simon Thoumire, An Gearasdan
	15	Ag obair le Niki Robertson, Malaig
	16	Coinneamh 'Sgrùdadh Sòisealta' Ghleann Fhionnan
	16	Frithealadh aig cruinneachadh Blas, Inbhir Nis
	17th	Coinneamh le Iomairt Lochabair, An Gearasdan
	21st	Coinneamh Buidheann-stiùiridh Fèisean Lochabair, An Gearasdan
	22nd	Coinneamh le Fèis Lochabair, An Gearasdan
	23rd	Coinneamh Luchd obrach, An Gearasdan
	24th	Frithealadh aig Prògram Rèidio Blas, Glaschu

Fiona MacInnes, Oifigear Taice

Grian, grian agus tuilleadh dhan ghrein! Sin agaibh a tha a' tighinn nam claiginn air a smaoinneachadh mi air ais air Fèisean nan Eilean Siar as t-Samhraidh seo. 'S e an t-side a b' fhèarr a tha air a bhith ann bhon a thòisich mi ag obair còmhla leis na Fèisean agus a' tadhal orra. Chaidh a h-uile Fèis gu math, le àireamhan nas àirde, rudan ùr nam measg agus a h-uile duine - sean is òg - gu math rèidh agus riarichte.

A-rithist am bliadhna, bha e math fhèin an cothrom fhaighinn tadhal air na Fèisean, agus coinneachadh ris a h-uile duine a tha nan luib. Tha mi airson taing a thoirt airson an aoigheachd a sheall iad uile dhomh agus na fhuair mi do chùpanan tì, beicearachd agus truinnsearan de dheagh bhrot. Bha fìus cofaidh dòigheil aig dhà de na Fèisean!

Am bliadhna 'sa cuideachd, chaidh Fèis ùr a chumail ann an sgiùil an Rubha ann an Leòdhas. Ged nach robh mòran eòlais aig muinntir Fèis an Rubha air a bhith a' ruith Fèis, le taic bhuam fhèin agus le comataidh làidir, chaidh an t-seachdain uabhasach fhèin math. Ged a bha teagamhan ann aig an tòiseach an robh feum air Fèis eile ann an Leòdhas, dhearbhadh cho mòr 's a chord an t-seachdain leis a' chloinn agus na thionndadh a-mach bhon sgiùil fhèin aig a' chuir-m-ciùil, gun robh.

Feumadh a radh gun robh mi gu math toilichte gun robh a leithid don na feadhainn òga agus daoine ùr a' teagasg aig na Fèisean am bliadhna. Bha iad uile cho comasach, dicheallach agus cho tàlanta. Chord iad ris a' chloinn agus na comataidhean. Bha e math gun robh feadhainn nas sine ann cuideachd airson eòlais, gliocais agus nas cudromaiche rian a chumail orra!

Cha robh mi idir ge-ta cho toilichte nach robh a' Ghàidhlig air a cluinntinn cho tric no air ga bruidhinn cho tric aig feadhainn de na Fèisean. Tha mi an aire a thoirt thairis air na bliadhnaichean gu bheil a' Ghàidhlig a' fàs nas làpach an lùib Fèisean nan Eilean Siar. Tha e nam bheachdsa a-rèir cò a tha nan cathraiche air na comataidhean agus a bheil an dà chuid Gàidhlig aca no gu bheil iad taiceil dhith. Tha e cuideachd a dèanamh deifir mhòr ma tha Gàidhlig aig a' chuid mhòr de na daoine a tha an lùib an Fhèis (gu h-àraid an luchd-teagaisg) no gu bheil iad deònach ionnsachadh.

Eadar seo agus deireadh na bliadhna, tha mi gu bhith a' toirt taic agus cuideachadh chun na Fèisean le a bhith a' cur air bhonn pròiseactan leasachaidh ùra, a' cumail orra leis na clasaichean geamhraidh aca agus gu h-àraid obair chòmhlain airson nan deugairean. Tha mi an dùil coinneamh sgìreil roinneal a chumail ann am Barraidh aig toiseach an Dùbhlachd airson cothrom a thoirt do na Fèisean tighinn cruinn còmhla. Bidh mi cuideachd a cumail orm a' bruidhinn agus a' cur post-dealain chun na Fèisean, agus a bhith aig na coinneamhan bhliadhnaile aca mus urrainn dhomh. Tha e math cuideachd air a gheibh na Fèisean obrachadh còmhla mar a tha tachairt ri FTAM agus FTAE leis a' phròiseact bhideo "Muran agus Eòrna", agus bidh e math barrachd den cho-obrachadh seo fhaicinn.

Tha mi fhèin dìreach air tòiseachadh air an dàrna bliadhna den chùrsa teagaisg agam agus tha mi airson taing a thoirt do Artair, Daibhidh agus am Bòrd Stiùiridh airson an cothrom a thoirt dhomh seo a dhèanamh fhads a tha mi ag obair aig Fèisean nan Gàidheal.

Fèis Bharraigh

- Bha mi aig coinneamh air 8 den Iuchair
- Thòisich Oifigear Taic Fèis Bharraigh air 10 den Iuchair
- Bha na Fhèis air bho 16 gu 21 den Iuchair agus bha 150 ann
- Bha mi aig an Fhèis air 20, 21 agus 22 den Iuchair

Fèis Eilean an Fhraoich

- Bha mi aig coinneamhan air 4 agus 18 den Iuchair
- Bha an Fhèis a ruith bho 24 gu 28 den Iuchair. Bha 160 aig an Fhèis
- Bha an cothrom aig a' chloinn a bhith an lùib spòrs am bliadhna
- Airson a' chiad uair bha geama ball-coise ann eadar an luchd-teagaisg agus a chlann – inntinneach!

Fèis Eilean na Hearadh

- Bha mi aig coinneamh air 21 den Ògmhios
- Bha an Fhèis air bho 10 gu 14 den Iuchair. Thadhail mi ann airson dà latha agus bha mi aig ceilidh na luchd-teagaisg.
- Bha 80 duine chloinne aig an Fhèis, barrachd na bha aca riamh roimhe
- Bha clas ùr aca am bliadhna sa – clas drama, seinn 's geamaichean airson aois 5 gu 7 bliadhna (tro mheadhan na Gàidhlig)

Fèis Taigh Dhonnchaidh

- Bha Ceòl Nis a' ruith bho 1 – 5 Lùnastal
- Bha mi ann air a' chiad trì latha den Lùnastal
- Bha na clasaichean ciùil chloinne nas soirbheachail am bliadhna aig Ceòl Nis

Fèis Tìr a' Mhurain

- Bha an Fhèis aca air bho 10 gu 14 Iuchair. Bha 85 de chloinn ann
- Aig an Fhèis air 10 agus 11 Iuchar.
- Bha clasaichean ùra aig an Fhèis ann an dannsa Innse Gall agus sgìlean nam meadhanan am bliadhna

Fèis Tìr an Eòrna

- Bha an Fhèis air bho 3 gu 7 den Iuchair agus bha 104 aig an Fhèis
- Bha mi ann air 12 agus 13 den Iuchair
- Cha robh ach seachdnar a' dèanamh dràma – aireamh uabhasach ìosal airson an Fhèis seo

Fèis an Rubha

- Aig coinneamhan air 24 Chèitean, 15 Ògmhios, 26 agus 27 den Iuchair
- Bha an Fhèis air bho 7 gu 11 den Lùnastal agus bha 42 aig an Fhèis

Eile

- Chaidh cùrsa trèanaidh luchd teagaisg a chumail ann an Steòrnabhagh air 3 den t-Ògmhìos.
- Bha mi aig cùrsa "First Aid" ann an Steòrnabhagh air 13 agus 14 den t-Ògmhìos,
- Choinnich mi ri Artair agus Daibhidh ann an Steòrnabhagh air 8 den t-Ògmhìos a bhruidhinn mun an obair agam.
- Bha mi aig coinneamh luchd-obrach ann an Inbhirnis air 20 den t-Ògmhìos
- Bha mi ann am Barraidh air 22 den t-Ògmhìos airson agallamh obair oifigear Taiceil Fèis Bharraigh.
- Choinnich mi fhìn agus Dougie Beck ann an Steòrnabhagh air 7 Lùnastal airson bruidhinn air Pròiseact Dràma Leòdhais agus na Hearadh (PDLH)
- Choinnich mi fhìn agus Dougie Beck le Meg Rodger (CnES) airson bruidhinn mu Pròiseact Ionnstramaidean Fèis Bharraigh agus PDLH
- Choinnich mi fhìn, Ingrid, Christine agus Nicola anns a' Ghearasdan air Diciadain 23 Lùnastal airson obrachadh air fiosrachadh feumail airson na Fèisean air ciamar a chuireas iad Fèis air chois.

Christine MacIntyre, Oifigear Taice

Tachartasan

- Tha mi air a bhith a dol gu coinneamhan
- Tha mi air a bhith a cuideachadh le airgid a lorg
- Bith mi fhasd a dèanamh Disclosures
- Bhàth mi aig coinneamh luchd-obrach anns a Ghearasdain

Fèis Àrainn

- Bha deagh fhèis aca anns an t-Iuchar
- Tha clasaichean fìdheal a dol fhasd
- Chan eil mòran airgid aca, leis a sinn feumaidh iad coimhead airson dòighean barrachd airgid fhaighinn an ath bhliadhna

Fèis Dhùn Bhreatainn an Iar

- Tha iadsan air a bhith gu math trang a bliadhna
- Gu Mi fhortanach, dheug a bhean aig Bernard Bell an t-ionmhasair aca agus leas a sinn tha cuisean air a bhith began doirbh an drasda

Fèis Innis a Uillt

- Tha an fhèis seo air a bhith a dèanamh glè mhath
- Tha iad a nis a coimhead air adhart air fèis a dhèanamh airson barrachd agus aon latha, s docha dà latha air an ath bhliadhna!
- Tha iomain agus feadan a dol aca agus tha iad a dòchas clasaichean clàrsach a dhèanamh

Fèis Latharna

- Bha fèis mhath aca a bliadhna
- Tha a pròiseact aca a tighinn gu ceann a nis agus tha iad dèanaibh deiseil airson tuilleadh airgid a lorg thall's bhos
- Tha iad cuideachd a fiachainn air an fhèis a sgapadh a mach air feadh dùthaich Latharna

Fèis Lannraig a Tuath

- Bha fèis mhath aca aig toiseach An Lùnastail
- Tha iad a coimhead air aoidh pròiseact ur a choireigin a dhèanadh an ath bhliadhna

Fèis Mhuile

- The an fhèis seo air a bhith trang a dèanaibh clasaichean fad na bliadhna
- Tha iad air cuideigin ur fhaighinn airson an fhèis a stiùireadh.
- Tha cuisean gu math nas fheàrr aca nis

Muile/Latharna pròiseact

- Tha seo gu bhith deiseal a nis
- Bha seo math airson ceòl a bhrosnachadh anns a dà sgìre ach chan eil mi cho cinnteach gu a do rinn e mòran feum airson a chanàl a brosnachadh!

Fèis Òigridh Ìle

- Ged nach eil comataidh aca, tha iad a fiachainn air an fhèis a chuir suas gu trì lathaichean.
- Tha clasaichean a dol fhathast air an fhidheall agus air an fheadan

Fèis Òigridh Ghlaschu

- Tha an fhèis seo a dhol glè mhath
- Chan eil fios agam de tha a dol a thachairt air sgath agus gu bheil iad air gluasad dhan sgoil ur Ghàidhlig!

Fèis Chile Chonbhail

- Gu mi fhortanach, cha d' fhuair mi a cothrom a dhol gun an fhèis seo a bliadhna airson bha e aig an aon àm ri Fèis Lannraig a Tuath! Ach tha mi dhen bheachd gu deach e glè mhath

Fèis Ghlaschu

- Bha an fhèis seo glè mhath a bliadhna ach fhathast tha iad a cleachdadh feadhainn nach eil air Disclosures a lìonadh!
- Tha na àireamhan aca a sìor a dhol suas
- Bha coir aca fèis bheag a dhèanadh airson clann fo aois 8, airson tha feadhainn ro òg!

Fèis Thiriodh

- Tha fèis eadar-dhealaichte aca.
- Tòrr ceòl agus craic agus tha e còrdadh ris a uile daoine

Fèis Cheann Loch Goill

- Tha an fhèis seo a sìor fhàs làidir.
- Tha iad a coimhead air aghaidh dà latha a dhèanadh
- Tha iad cuideachd a smaointinn air pròiseact ùr ceangailte ri Gàidhlig agus ainmean àite a dhèanadh
- Tha iad cuideachd air airgid a fhaighinn airson clasaichean a dhèanadh an a baile Eilidh

Gnothaichean Ur

- Tha mi trang an drasda a feuchainn ri airgid fhaighinn airson na fèisean agam thall sa bhos
- Tha mi air tòrr cuideachaidh a thoirt seachad airson pròiseactan ùr a bhrosnachadh
- Bha mi an a Diùra agus thachair mi ri feadhainn airson feuchainn ri fèis ùr a chur air bhonn an sin agus a cheangail suas ri Fèis Ìle
- Tha mi fhìn agus an luchd-obrach air clàr a dhèanamh airson fèisean ùr airson gum faigh iad an gnothach nas fhasa fèis ur a chuir air bhon

Dougie Beck, Oifigear Gàidhlig (Dràma)

Obair Dràma-oideachaidh Meanbh-chuileag

After the Battle

Tha Meanbh-chuileag air obrachadh gu dlùth leis an Urras Nàiseanta agus Alba Eachdraidheil thar ceithir bliadhna no mar sin gus prògram dràma-oideachaidh a thoirt seachad mar phàirt den phròiseact shoirbheachail After the Battle. Tha gnothaichean air atharrachadh gu mòr a thaobh maoinachadh airson pròiseactan mar seo, agus thathar a' sùileachdainn nach bi Meanbh-chuileag a' com-pàirteachadh sa phròiseact tuilleadh.

Eadar 22 agus 25 Ceitean, thadhail a' bhuidheann air sia sgoiltean ann an Sìldeag, Geàrrloch, Alanais, Am Broch, Inbhir Nis agus anns an Eilean Dubh. Bha Domhnall Uilleam Stiùbhart agus Iona NicRisnidh còmhla ri Douglas airson na cuairt.

Chaidh a' bhuidheann a-mach a-rithist eadar 12 agus 16 Ògmhios, a' tadhail air 9 sgoiltean eadar Siorrachd Lannraig a Deas, Inbhir Theòrsa, Inbhir Nis, A' Bhruaich agus Àird nan Saor. An turas-sa 's e John Sikorski agus Iona NicRisnidh a bha còmhla ri Douglas. Gu mì-shealbhach dh'fhàs Douglas tinn anns a' Bhruaich agus cha b' urrainn don bhuidhinn an dleasan a choimhlionadh an sin.

Meanbh-chuileag

Ged a chuir Douglas gairm a-mach airson sgrìobt ùr mu choinneamh pìos ùr dràma-oideachaidh san Iuchar, cha d' fhuairadh càil. Mar sin, tha Douglas agus Deirdre Ghreumach air a bhith ag obair air sgrìobt, agus thathar a' sùileachdainn gum bi seo air chuairt an dà chuid san t-Samhain agus san Fhaoilleach/Geàrran. An àite a bhith a'

deiligeadh le cuspairean stèidhichte air eachdraidh no sgeulachdan traidiseanta, bidh an dealbh-chluiche seo a' dèiligeadh le cuspairean co-aimsireil leithid an àrainneachd agus dùthchasachd.

Tha Douglas air coinneachadh le Artair Donald aig Tosg airson bruidhinn mu dhòighean gu obrachadh còmhla. Am measg na bhios sinn a' dèanamh bidh sinn a' cumail deireadh-seachdain trànaidh do dhaoine aig a bheil ùidh ann a bhith a' teagasg dràma aig Fèisean is eile.

Fèisean agus Pròiseact G-Team

Thòisich Fèisean an t-Samhraidh dha Douglas le **Fèis Alba**, far an robh e na neach-amhairc. A bharrachd air a bhith a' coimhead as dèidh nan com-pàirtichean, dheasaich e leabhran-teagaisg airson stiùireadh a thoirt seachad do chom-pàirtichean a thaobh Gàidhlig air an stèidse. Bha e cuideachd an sàs ann a bhith a' deasachadh airson consairt na h-oidhche mu dheireadh.

Bha Douglas an-uairsin aig **Fèis Bharraigh** còmhla ri Calum Ailig Mac a' Mhaoilein airson clasaichean G-Team a chur air dòigh agus a lìbhrigeadh. Bha am format ùr gu math soirbheachail airson na Fèise, agus a bharrachd air a bhith a' teagasg nan clasaichean iad fhèin, thug Douglas is Calum Ailig stiùireadh seachad do luchd-teagaisg eile, agus ghabh iadsan cuid de na clasaichean os làimh.

Bha na clasaichean seo na bu shoirbhachaile na clasaichean G-Team eile gu ruige seo, agus bha a h-uile duine riaraichte gun do dh'obraich iad cho math.

A bharrachd air clasaichean G-Team, bha Douglas agus Calum Ailig an sàs gu mòr ann a bhith ag obair aig tachartasan air an oidhche agus 's e iadsan a chuir air dòigh consairt oidhche Haoine.

Dheasaich Douglas stuthan-taice Gàidhlig do **dh'Fhèis Thaigh Dhonnchaidh**, agus chleachd Calum Ailig na stuthan seo nuair a chaidh e don Fhèis.

Ged nach robh e fhèin a' teagasg aig an Fhèis, chaidh Douglas do **dh'Fhèis Arainn** airson na h-oidhche mu dheireadh, far an do chuidich e le deasachadh airson a' chonsairt, agus cuideachd bha e na fhear an taighe airson na h-oidhche. Thug Douglas cuideachadh seachad do sgioba teagaisg na Fèise ro-làimh a thaobh Gàidhlig.

Tha Douglas gu bhith an làthair aig **Fèis a' Bhealaich** aig deireadh na Sultain, far am bi e a' teagasg Gàidhlig, dràma agus fideag/feadan.

Pròiseactan Dràma

Chaidh Douglas chun an Òbain aig toiseach an Ògmhios airson cuideachadh le **Pròiseact Dràma Earra Ghàidheal**. Thàinig na sgoiltean a bha an sàs còmhla san Òban airson oidhche de thaisbeanaidhean a bha air leth soirbheachail.

A' leantainn air soirbheachas Pròiseact Earra Ghàidheal, tha Douglas air coinneachadh le Fiona NicAonghais agus riochdairean bho Chomhairle nan Eilean Siar (Dòmhnall Ruadh Mac a' Ghobhainn agus Meg Roger) gu **Pròiseact Dràma Leòdhais** agus **Pròiseact Dràma na Hearadh** a chur air bhonn. Bidh am pròiseact seo a' tòiseachadh aig deireadh an Dàmhair, le còig sgoiltean deug ann an Leòdhas agus na Hearadh a' gabhail pàirt ann. Thathar a' sùileachdainn gum faigh gach sgoil a ghabhas pàirt sa phròiseact cothrom ùine a chur seachd le eòlaiche dràma trì tursan thàr nan sia mìosan a bhios e a' ruith. Thig na sgoiltean còmhla airson taisbeanaidhean ann an trì deifir àiteannan (TBC: Steòrnabhagh, Barbhas agus an Tairbeart) aig àm na Caisge 2007.

Obair Eile

Tha Douglas a-nise a' fuireach agus ag obair ann an Inbhir Nis, agus tha e den bheachd gu bheil an obair aige tòrr nas fhasa air sgàth sin. Tha e cuideachd a' còrdadh ris gu mòr a bhith a' fuireach ann.

Tha Douglas air ceisteachan mun Gàidhlig agus mar a tha i air a cleachdadh aig na deifir Fhèisean a dheasachadh agus a sgaoileadh air na h-oifigearan-taice. Tha e cuideachd air foirm-measaidh ùr do luchd-teagasg Fhèisean a dheasachadh.

Obair ri thighinn

Tha e gu bhith a' dèanamh fear an taighe aig tòrr chonsairtean Blas.

Bidh e an sàs anns an deireadh-seachdain trànaidh do luchd-teagaisg G-Team ann am Peairt, agus cuideachd bidh e a' cumail seiseanan-spòrs do chloinn aig a' Mhòd ann an Dùn Omhainn.

Calum Alex MacMillan, Oifigear Gàidhlig

Barraigh

Thòisich mi m'obair shìos aig Fèis Bharraigh nam phairt den sgioba-G, 'g obair còmhla ri Dougie Beck. Bha sinn a' ruith clasaichean le ceithir diofar bhuidheanan; luchd ionnsachaidh, bun-sgoil 's àrd-sgoil, agus fileantaich, bun-sgoil 's àrd-sgoil. A-measg na bha sinn a' dèanamh bha Ealain, Geamanan, Ceisteachan agus Cànan (an seo bha sinn a' dèanamh abairtean agus dòighean air mar a chanadh iad dè bha iad dol a dhèanamh air an urlar). Bha mu 50% den chompairtaichean fileanta agus chaidh cùisean glè mhath 's na chlasaichean.

Nis

Air an 31mh latha den Iuchar thòisich mi gu foirmeil. 'S e a' chiad pìos-obrach a bh'agam falbh a-null gu Fèis Taigh Dhonnchaidh ann an Nis. Bha iadsan a' ruith Fèis fad sheachdain airson a' chiad uair agus dh'iarr iad air Fèisean nan Gàidheal taic a thoirt dhaibh a thaobh a' Ghàidhlig. Bha àireamhan gu math ìosal, cha robh ann ach da chlann air a' chiad latha agus trìuir air an darna latha agus bha iad uile fileanta sa Ghàidhlig. Rinn mi beagan Gàidhlig còmhla riutha troimh geamannan, seinn agus ealain. Rinn mi tuilleadh obair leis a' chomataidh ag obair air sanasan agus chuidich mi an tè a bha teagasg Clàrsach le beagan Gàidhlig. Chaidh mi thairis air am poileasaidh Gàidhlig còmhla ri Fiona Morrison. Bha mi aig an fhèis airson dà latha agus an uairsin thàinig mi do dh'Inbhir Nis air an treas latha den Lùnastal.

An Oifis

Tha mi air a bhith san oifis a-nis cha mhòr fad Lùnastal agus tha mi air a bhith ag obair air diofar rudan ach gu sònraichte air sgioba -G. Tha mi a' feuchainn ri stòr-data a chur air dòigh le daoine a dh'fhaodadh na clasaichean Gàidhlig (Sgioba-G) a' dhèanamh agus tha sinn an dòchas deireadh-seachdain trànaidh a chur air doigh airson luchd an Sgioba-G ann am Peairt air an 4mh 's 5mh latha den t-Samhainn. Leis an seo tha mi air a bhith 'g obair air pasgan a bhios làn de gheamannan, phròiseactan ealain, phìosan drama agus rudan mar ceisteachan agus toimsheachan facail.

Stòr-data

Tha mi air a bhith smaoinichadh air daoine a tha air obair sgioba-G a dhèanamh mar tha agus cuideachd air daoine a dh'fhaodadh an obair seo a dhèanamh. Tha tòrr ainmean again a-nis agus tha iad air an cumail air faidhle. Agus bhon seo bidh sinn a' taghadh mu 20 ainmean agus a' toirt cuireadh dhaibh a thighinn chun na làithean trànaidh.

Deireadh-Seachdain Trànaidh

Mar th'air innse gu h-àrd tha sinne dol a' cur làithean trànaidh air dòigh airson nan fheadhainn tha sinn a' taghadh bhon Stòr-data. 'S e an amas bho seo, gum b'urrainn dhuinn iarraidh air duine sam bith bhon an stòr-data a falbh gu Fèis agus clasaichean sgioba-G a' ruith. Tha sinn a' sùileachadh gum bi tòrr a' bharrachd iartas air an Sgioba-G agus gum feum sinn a' chumail suas ris an seo. Tha sinn an dòchas an trànaidh a chumail ann an taigh-òsta Salutation ann am meadhan Peairt. Tha sinn a' faicinn Peairt mar an àite is freagarraiche airson seo chumail oir cha bhi ro fhada aig daoine sam bith a' shiubhal agus tha sinn den bheachd gun sàbhalaidd seo airgead dhuinn. Bi sinn a' sealltainn dhan na bhuidheann de bhios aca ri dhèanamh a thaobh a bhi ruith nan clasaichean, bi sinn cuideachd a dol thairis air cuspairean a bhios an Sgioba-G a' dèanamh. Bi sinn a' bruidhinn air dòighean far am faodadh iad barrachd Gàidhlig a' cleachdadh aig an fhèis agus bi cothrom dhaibhsan a' bruidhinn air beachdan sam bith a th'aca a thaobh a bhi cleachdadh Gàidhlig.

Pasgan Sgioba-G

Tha mi air a bhi cruinneachadh stuthan tha air a bhi an cleachdadh ma phàirt den Sgioba-G mar tha agus tha mi air bhi lorg stuthan eile a bhios feumail, agus cuideachd a bhi dèanamh an àrd ceisteachan agus tomhaisean eile. Tha mi 'n dochas gum bith seo deiseil ro na làithean-trànaidh agus gum b'urrainn dhuinn a chleachdadh airson sealltainn gu na buidheann an seòrsa obair a bhios sinn a' dèanamh.

Fèis a' Bhaile

Air an 21mh latha den Lùnastal chaidh mi coinneamh còmhla ri comataidh Fèis a Bhaile. Tha iadsan a' deiseileachadh airson an fhèis aca fhèin a tha gu bhith ruith bhon an 16-20mh latha den Dàmhair. Tha iadsan gu bhith 'g iarraidh Sgioba-G agus bha iad ag iarraidh cuideachadh le sanasan agus soidhnichean Gàidhlig

cuideachd. Tha mi 'g obair air Sgioba-G chuir air dòigh agus tha agam ri na sanasan sa soidhnichean a dhèanamh dhaibh.

Coinneamh le Fèis Spè

Coinneamh le Judith bho Fèis Spè mu dheidhinn Sgioba-G agus clàr-ama a dhèanamh suas dhaibh air mar a faigh iad ùine sònraichte a chumail airson na clasaichean seo. Tha mi fhìn is Dougie dol a chuir stuthan ri chèile airson Sgioba-G agus tha sinn dol a thoirt taic dhan a chomataidh agus dhan na luchd-teagaisg aig nach eil Gàidhlig, abairtean agus faclan a bhios feumail airson cleachdadh aig an fhèis.
Mòd Dhùn Omhainn

Tha sinn an dòchas (mi fhìn is Dougie Beck) dà latha a dhèanamh shìos aig a' Mhòd. Tha sinn dol a' ruith clasaichean airson nan fheadhainn òga air an Diluain 's Dimàirt. Tha sinn ag iarraidh ùidh a thogail anns na fèisean agus a bhì dèanamh an seòrsa obair a bhios an Sgioba-G a' dèanamh aig na fèisean. Tha sinn air a bhì smaoineachadh air gèibtean tha sinn ag iarraidh a thoirt seachad dha na clann agus tha sinn a' beachdachadh air baidseachan fhaighinn a bhios a cur air adhart na Fèisean.

Christopher DePlano, Oifigear Conaltraidh agus Neach-Rannsachaidh (Sgeama Luchd-Ceumnachaidh - CnaG)

Bhon a thoisich mi 's an t-Sultain, 2005 tha mi air a mhòr-chuid den ùine agam a' chuir seachad ag obair air pròiseact leabhar nam fèisean a bhios a' comharrachadh 25 bliadhna bhon a thoisich na fèisean. Tha an obair air a bhì dùbhlach ach tlachd-mhòr agus tha dòchas ann gun ghabhas an leabhar fhoillseachadh 's an Fhoghar 2006.

Thairis air an ùine seo tha mi air iomadach seòrsa obair a dhèanamh ceangailte ris an leabhar, a gabhail a-steach obair rannsachaidh, a' cur coinneamhan air dòigh, ag obair air an teacs agus ('s an fharsaingeachd) a gluasad am pròiseact air adhart gu soirbheachail.

Cuideachd, mar phàirt den sgeama luchd-ceumnachaidh aig CnaG, fhuair mi cothrom seachdain a' chuir seachad air Eilean Mhanainn, ag obair còmhla ri Adrian Cain, oifigear leasachaidh na Geilg (Manx) aig am Manx Heritage Foundation. Dh'ionnsaich mi mòran mu na leasachaidhean a tha iad a' dèanamh tro fhoghlam, trèanadh, foillseachadh agus leasachadh anns a' choimhearsnachd. Tha mi taingeil do Chomunn na Gàidhlig, Fèisean nan Gàidheal agus am Manx Heritage Foundation airson an cothrom seo fhaighinn.

Air a' chiad latha dhen t-Sultain 2006, tòisichidh mi obair as ùr le Fèisean nan Gàidheal mar oifigear conaltraidh. Tha mi 'n dòchas obair shoirbheachail agus eadar dhealaichte a dhèanamh tron bhuidheann.

Targaidean

- Leabhar nam Fèisean. Foillseachadh agus a reic, An t-Sultain 2006

Thairis air a bhliadhna

- Làrach lìn ùr – rannsachadh is leasachadh
- PR agus Margaideachd
- Conaltradh, a' co-obrachadh le Calum Alec Mac a' Mhaoilein air foillseachaidhean Gàidhlig.
- Cùrsaichean fèin-leasachaidh

Fèisean nan Gàidheal

Co-labhairt agus Coinneamh Bhliadhnail

15 & 16 Sultain, Taigh-Òsta an Eilein Dhorcha, Beinn na Fadhlà

Àireamh air a' Chlàr Gnothaich: 3.2006.05(c)

Dihaoine 15 An t-Sultain ~ Friday 15 September 2006

18.30 **Annual General Meeting** followed by music and song from the young people of **Fèis Tìr an Eòrna**, **Fèis Tìr a' Mhurain** and **Fèis Bharraigh**

19.30 **Dinner** followed by **Cèilidh-Dance**

Disathairne 16 An t-Sultain ~ Saturday 16 September 2006

09.30 **The work of the School of Scottish Studies in Uist:**

Dr Caithlin MacAulay, Archivist, School of Scottish Studies

The archives of the School of Scottish Studies have benefitted greatly from material collected in Uist. Dr MacAulay will give us a talk about the work of the School in collecting the songs and stories, illustrated with examples from the collection.

10.30 **Depart for Taigh-tasgaidh Chill Donnain**

Kildonan Museum was re-opened in June 1998 as very much more than just a museum. It has an excellent cafe, shop and Fèis Room. The museum has at its heart a collection of items from and about South Uist collected by a local Parish Priest, Father John Morrison, during the 1950s and 1960s. It also sets out the background to an island that is incredibly rich in archeological remains dating from the bronze age to the Viking era. Some of the exhibits are set out thematically, while others are contained within the rooms of a recreated croft house. Kildonan Museum is also home to the Clan Ranald Stone, thought to have been carved to commemorate John of Moidart, chieftan of the Clan Ranald in the late 1500s.

13.00 **Lunch at Dark Island Hotel**

14.00 **Depart for Taigh Chèarsabhadh**

Taigh Chèarsabhadh is an award-winning Museum and Arts Centre standing close to the high-tide mark at the sea's edge in the village of Lochmaddy in North Uist. The centre is a focus for life in North Uist, and welcomes countless visitors each year to experience the arts, culture and heritage of the islands in a friendly and stimulating environment. With an emphasis on community involvement and excellence in the arts, the centre contains two galleries, museum, arts workshop, shop and café.

Arthur Cormack
Stiùiriche
An t-Sultain 2006

Fèisean nan Gàidheal

Taghadh Buill a' Bhùird

Àireamh air a' Chlàr Gnothaich: 3.2006.05(d)

Cùl fhiosrachaidh

Tha cumhachd aig a' Bhòrd-stiùiridh dòigh-obrach a chur air bhonn a dhèanadh cinnteach gu bheil na fèisean air an riochdachadh air Bòrd-Stiùiridh Fhèisean nan Gàidheal. Tha taghadh air a chumail gach bliadhna airson dèanamh cinnteach gu bheil cothrom bhòtaidh aig a h-uile fèis.

Background

The Board is empowered to put an appropriate procedure in place for election of Board members. A special resolution was passed at the 2003 AGM, to ensure fair representation of the Fèisean on the Board, and to ensure turnover of Board members. An election has been held for the past three years, which gave all Fèisean the chance to vote whether or not they were able to attend our AGM.

This process has worked well, and if the Board has no wish to change the procedure, following our AGM I propose to write formally to the Fèisean inviting nominations for representatives to stand for election to the Board of Fèisean nan Gàidheal.

The election this year

This year, in line with the agreed appointment term, Ken MacKenzie, Kate Kerr and Ken Houston are due to stand down, and will not be eligible for re-election until a year has passed, i.e. until the election next year.

As a member of Fèisean nan Gàidheal, each Fèis, within whose area there needs to be an election, will be entitled to nominate one person to stand for election to the Board.

Therefore, this year, nominations will be invited to elect:

- The nominee from the Highland Council area Fèisean who polls the highest number of votes
- The nominee from the Argyll & Bute area Fèisean who polls the highest number of votes
- The nominee from all other areas in which Fèisean take place who polls the highest number of votes

These new appointments will be for a three-year period.

Nominations will take the form of an application from an individual, such application countersigned confirming that the individual is a nominee of a Fèis. This must be submitted on an official application form, which will be enclosed with a letter to the Fèisean, along with a description of the role of Board members. Potential applicants should be given a copy of the role description, and will be asked to confirm that they have read it. Each eligible Fèis can only make one nomination, so it will be for each committee to decide who their nominee will be.

Proposed timetable

We would like to have the new Board elected prior to the Board meeting on 7 December, and I would propose that we send out the invitation letter and forms in the week beginning 25 September, and ask for all application forms to be correctly completed, signed by the applicant and a representative of the nominating Fèis (who must be a different person to the applicant), to be sent back to me either by post, fax, or personal delivery, not later than 5pm on Monday 16 October.

Once those eligible for election are confirmed, if there needs to be a ballot, voting papers will be issued, and completed polling cards should be sent back to me by Thursday 16 November. We will confirm new appointments the following day, once votes have been counted in the presence of an independent scrutineer. Current Board members will stand down as soon as new members are elected.

Arthur Cormack
Stiùiriche
An t-Sultain 2006



**Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ**

**Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d fios@feisean.org
www.feisean.org**